

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean Deloitte, Dùn Èideann
Diciadain 13 Cèitean 2015, 1430-1730

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Dùghall MacAmhlaigh
Alasdair MacCaluim

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Alan Esslemont (*Ceannard Phrògraman*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: James Boyle (*Deloitte LLP*)
Jamie MacIntyre (*Deloitte LLP*)

Chaidh a chomharrachadh cho anmoch 's bha na pàipearan air an cuairteachadh. Chaidh aontachadh gun deidheadh coimhead ri ceann-là coinneamh a' Chèitein gach bliadhna a chuir air ais seachdain gus cothrom a thoirt do na h-oifigearan pàipearan co-cheangailte ris an Aithisg Bhliadhnail a chuir an cèill.

(Gnìomh: MAMI)

1 Leisgeulan

Donaidh MacAmhlaidh. Ri linn bàs teaghlaich, chaidh smuaintean a' Chomataidh a chuir gu Donaidh agus a theaghlach.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 11/2/15

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Ghabh buill fainear de na gnìomhan ag èirigh bhon choinneamh mu dheireadh agus chaidh na leanas a chomharrachadh.

Clàr chom-pàirtean nam ball

Chaidh am foirm ùr a chuirteachadh air Buill agus dheigheadh am fiosrachadh fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne aig àm fhoillsichidh na h-Aithisg Bhliadhnail. **(Gnìomh: MAMI)**

Riaghailtean ionmhasail

Dheigheadh cuspair sgaradh uallaichean a mheasadh fon sgrùdadh in-taigh air riaghladh nas fhaide air adhart sa bhliadhna. Chaidh ìrean ùghdarrais a chothromachadh gus am biodh iad air fad a' gabhail a-steach VAT agus ri linn sin chaidh an ìre ùghdarrais as lugha atharrachadh bho £2,000 as aonais VAT gu £2,500 a' gabhail a-steach VAT.

PACT

Chaidh innse gun deigheadh fios a sgaoileadh mu thoraidhean na coinneimh air 14/5/15 le PACT **(Gnìomh: DC)**

5 Cunntasan bliadhnail

Bha na cunntasan air beulaibh Bhuill agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra.

Chaidh aontachadh 'Movement in Productions' a ghluasad bho cheann Teachd a-steach gu ceann Cosgais, fon earrainn mu 'Operating Expenditure' **(Gnìomh: NMG)**

Chaidh aontachadh 'the Seirbheis' a chleachdadh san tionndadh Beurla de na cunntasan, seach 'the Service' **(Gnìomh: NMG)**

Fo nota 5, chaidh aontachadh na briathran atharrachadh gu ‘the average number employed by the Seirbheis’ seach “by the Board”. (Gnìomh: NMG)

Chaidh na cunntasan a mholadh chun Bhùird airson aonta.

6 Key Issues Memorandum

Chomharraich Deloitte LLP an obair a bha an sgioba ionmhais air a dhèanamh gus na cunntasan fhaighinn dèante cho pungail agus air tìde. Chaidh an sgrùdadh gu math agus chuirear fàilte air cho fosgailte ‘s a bha sgioba MG ALBA agus chaidh dearbhadh gu robh coinneamhan ràitheil leis an Stiùiriche Ionmhais air cuideachadh gu mòr.

Chaidh Deloitte LLP tron phàipear a bh’ air beulaibh Bhuill. Chaidh na leanas a chomharrachadh:

- Gu robh ùrachadh an Aonta Laghail (Collaboration Agreement) eadar MG ALBA agus am BBC fhathast na chuspair gun adhartas, a chaidh cuideachd ainmeachadh ann an 2014. Dh’innis an t-Àrd oifigear gun tèid lèirmheas a dhèanamh air an Aonta Laghail aig àm freagarrach, a’ cumail cuimhne gu bheil am BBC an-dràsta an lùib pròiseas ùrachaidh a’ Chairt Rìoghail.
- [GLÈIDHTE. GNOTHACH EADAR MG ALBA AGUS BUIDHEANN EILE].
- Chaidh a chomharrachadh, ged a bha tuigse ann carson a bha cùisean mar seo, gum biodh an tuilleadh obair phàipeir co-cheangailte ris an airgid a fhuairas bho Westminster feumail. Thuir an Stiùiriche Ionmhais gun deach an airgead a chuir fa chomhair Ofcom.
- Chaidh mearachd a dhèanamh ann a bhith a’ smaoinichadh nach robh geàrr-chunntasan bho choinneamhan LearnGaelic rim faighinn. Chaidh aontachadh iad seo a chuir chun luchd-sgrùdaidh agus gun deigheadh an earrainn air LearnGaelic a chuir bho dhearg gu uaine.
- Chaidh còmhradh a chumail mu Deloitte a’ tairgse seirbheis comhairle mu ghluasad nan Cunntasan Reachdail gu inbhean International Financial Reporting Standards (IFRS) agus an robh cunnart “fèin-mheasaidh” an lùib seo. Thuir Mgr. Boyle bho Deloitte LLP, stèidhichte air an fhiosrachadh a fhuair e, nach robh cunnart ann oir chan

e Deloitte LLP a bhiodh ag ullachadh nan Cunntasan. A thuilleadh air an sin, 's e atharrachaidhean dealbhachaidh, seach susbainteach, a bhiodh anns a' chuid as motha de na h-atharraichean fo IFRS. Faic puing 21 gu h-ìseal.

San fharsaingeachd, bha Deloitte LLP riarachtaichte le mar a bha cùisean. Nuair a dheigheadh an Aithisg Bhliadhnail ath-chuairteachadh agus aontachadh, bidh iad riarachtaichte aonta a thoirt don sgrùdadh.

7 Aithisg Bhliadhnail 2014/15

Chaidh aontachadh nach robh ùine gu leòr lèirmheas mhionaideach a dhèanamh air dreachd teacsa na h-Aithisg Bhliadhnail aig a' choinneamh. San fharsaingeachd, chaidh aontachadh gu robh feum air cuir ris an teacsa gus am biodh e nas lìonmhor a thaobh ionmhas, làimhseachadh chunnartan agus obair chorporra na buidhne tron bhliadhna, agus gun canadh an Aithisg gu foirmeil gun robh na buill den bheachd gu robh MG ALBA ann an suidheachadh mairsinneach (going concern), gun robh an Aithisg ceart, cothromach agus comasach a tuigsinn ("fair, balanced and understandable") agus gun robh ro-innleachd na buidhne airson an t-àm ri teachd soilleir air a h-innse gu h-àraid mu choinneamh ùrachadh cairt rioghail a' BhBC. Chaidh aontachadh gun deigheadh an aithisg atharrachadh agus ath-chuairteachadh air buill agus chaidh aontachadh gun crìochnachadh Cathraiche na Comataidh an aithisg airson a dhol gu coinneamh Bùird a' Chèitein. **(Gnìomh: MAMI)**

8 Aithisg bhliadhnail HR

Bha pàipear air beulaibh Bhuill agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Chaidh na puingean a leanas a chomharrachadh:

- Àireamhan tinneis - chaidh aontachadh gum biodh coimeas air àireamhan an-uiridh feumail agus chaidh aontachadh sin a dhèanamh airson aithisg an ath-bhliadhna agus gun deigheadh seo a dhèanamh airson coinneamh a' Bhùird. **(Gnìomh: DC)**
- IIP – le taic HR, chaidh dèiligeadh ri na puingean a chaidh a thogail aig an sgrùdadh mu dheireadh, le ionnsachadh agus leasachadh air a chuir air chois airson manaidsearan. Le seo, agus am buidheann leasachaidh leantainneach, bha dòchas ann gun deigheadh inbhe IIP bronze a thoirt don bhuidheann, nuair a bhiodh lèirmheas dha dhèanamh

san luchar. Chaidh innse gu robhas a’ coimhead ri Investors in Young People a dhèanamh cuideachd ach chaidh ceist a thogail an e seo an rud a b’ èifeachdaiche a dhèanamh.

Chaidh aontachadh gun deigheadh toraidhean lèirmheas IIP a chuirteachadh air Buill nuair a bhiodh e dèante agus gun deidheadh sùil a thoirt air buannachdan is cosgaisean liYP mus deidhear an sàs ann. **(Gnìomh: DC)**.

9 Lèirmheas air peinnsein

Bha pàipear air beulaibh Bhuill agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Chaidh gabhail ris gun robh e riatanach a dhol an sàs gu sgiobalta ann an Auto Enrolment. Chaidh a cheist a thog an comhairliche mu ‘salary sacrifice’ a chuir gu taobh an-dràsta. Chaidh aontachadh aithisg ghoirid a chuirteachadh air a’ Chomataidh. **(Gnìomh: NMG)**

Dh’fhàg oifigearan an rùm aig an ìre seo agus chaidh còmhradh phrìobhaideach a chumail eadar Buill agus Deloitte.

10 Measadh Chunnartan

Bha pàipear air beulaibh Bhuill agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh innse gun deach obair a dhèanamh air cunnartan PR2 agus PR3 agus na gnìomhan leasachaidh nan cois, gu h-àraid na còmhradhean a tha a’ dol leis an dà riaghaltas mu bhuannachdan eacanomaigeach nam meadhanan Gàidhlig. Chaidh innse gu bheileas air companaidh fhastadh gus taic a chuir ris an ro-innleachd a libhrigeadh. Chaidh aontachadh gu feumar ceanglaichean a thogail le Rùnaire na Stàite, DCMS, agus gu robh e cudromach gun deigheadh dàimh agus ceanglaichean a thogail le seirbheisichean catharra.

Chaidh aontachadh gu feumadh còmhradh a chumail aig coinneamh a’ Bhùird air ciamar as fheàrr a thèid ceumannan air adhart a gabhail le Riaghaltas ùr Westminster gu h-àraid a thaobh glèidheadh taic ionmhasail DCMS airson MG ALBA agus taic phrionnsabalach DCMS airson seanail Gàidhlig ann an còmhradhean le Urras a’ BhBC agus leis a’ BhBC mu choinneamh ùrachadh a’ Chairt Rìoghail. Dh’innis an t-Àrd-Oifigear gu robh dùil ri

riochdairean bho DCMS gu oifis MG ALBA ann an Ghlaschu air 22/6/15 a dh' aona ghnòthaich airson na còmhraidhean sin a chumail.

Bha Buill riarachtaichte leis a' mheasadh chunnartan agus gu bheil na h-atharraichean a chaidh a dhèanamh feumail. Dheigheadh coimhead ann am barrachd doimhneachd air na cunnartan seo aig coinneamh a' Bhùird. **(Gnìomh: DC)**

11 Sgrùdadh in-taigh

Sgrùdadh air IT

Chaidh aontachadh gun deigheadh aithisg a sgrìobhadh leis an Sgioba Àrd-stiùiridh mu thoraidhean na h-aithisg agus na h-ath cheumannan **(Gnìomh: NMG)**. Chaidh a chomharrachadh gum bi an neach a rinn an sgrùdadh an làthair aig coinneamh na Comataidh san Lùnastal.

Sgrùdadh air Riaghladh

Bha pàipear air beulaibh Bhuill agus chaidh còmhraidh a chumail. Chaidh aontachadh gun dèanadh an Stiùiriche Ionmhais lèirmheas air uireasbhaidhean (gap analysis) an toiseachd, le sùil air dè na poileasaidhean agus modhan-obrach a th' againn an-dràsta agus ciamar a tha iad sin a' seasamh an coimeas ri "best practice" agus an "UK Corporate Governance Code". An dèidh sin rachadh coimhead ri obair an sgrùdaidh – a' lìonadh uireasbhaidhean no a' cur deuchainn mu choinneamh nam poileasaidhean is modhan-obrach feuch a bheileas a' coileanadh nam poileasaidhean tro ghnìomh. Chaidh comhairleachadh, nuair a bhiodh e aontaichte, an cuireadh gu tagradh a chuirteachadh air buidhnean ionadail aig a bheil luchd-obrach eòlach agus le Gàidhlig. **(Gnìomh: NMG)**

12 Foillseachadh Fiosrachadh Ionmhais mu thuarastail

Bha pàipear air beulaibh Bhuill agus chaidh aontachadh cùisean fhàgail mar a tha an-dràsta, gun atharrachadh.

13 Eadar-nàiseanachadh

Bha pàipear air beulaibh Bhuill a' moladh gum bu chòir MG ALBA bho àm gu àm an comas ionmhasail a thoirt do riochdairean tionndadh eadar-nàiseanta a chuir air prògraman gus an rachadh an reic. Chaidh còmhradh a chumail agus thug buill taic don bheachd, a' moladh cuideachd gum bu chòir a' chuspair a thogail le Rùnaire a' Chaibineit airson Cultar feuch am biodh e comasach taic ionmhasail fhaighinn bho bhuidseat Cultar. Thèid seo a dheasbad aig coinneamh a' Bhùird.

14 Clàr-obrach na Comataidh

Chaidh a mholadh cuid a dh'aithisgean a chuir air Clàr-obrach na Comataidh air mìos eile gus na bha de stuth a' nochdadh air clàr a' Chèitean a lùghdachadh. **(Gnìomh: MAMI)**

15 Aithisgean air leth

Bha pàipear air beulaibh Bhuill fo Riaghailt A.4.5 sna Riaghailtean Ionmhais. Bhathas ag iarraidh air a' Chomataidh daingneachadh co-dhùnaidhean an Sgioba Àrd-stiùiridh, agus mar a chaidh a chuirteachadh air a' Chomataidh air deireadh na bliadhna ionmhais, an airgead a leanas a chaitheamh: £350k ann an 2014/15, air a mhaoineachadh le teachd a-steach a bharrachd de £350k bho Riaghaltas na h-Alba. Chaidh seo aontachadh.

16 Pasgan Cunntasachd Q4 2014/15

Chaidh seo a chomharrachadh.

17 Pasgan Rannsachaidh BBC ALBA/Air-loidhne Q4 2014/15

Chaidh seo a chomharrachadh.

18 Aithisg Buaidh Eacanomaigeach

Chaidh aontachadh gun deigheadh seo fhoillseachadh nuair a bhiodh obair a bharrachd air buaidh eaconamach a' ghnìomhachas riochdachaidh gu lèir ann an Alba, a thathas am beachd a dhèanamh le Alba Chruthachail, aig ìre foillseachaidh.

19 Saorsa fiosrachaidh

Cha robh gin.

21 GISBE

Fo-thiotalan

Thuir an t-Àrd-Oifigear gu robh fios air a thighinn bho Ofcom gu robh uallach air BBC ALBA na leanas a choileanadh ro Faoilleach 2016:

- 70% subtitling
- 10% audio description
- 4% signing

Chaidh còmhradh a chumail agus chaidh aontachadh gun deigheadh pàipear a sgrìobhadh air ro-innleachd agus na cosgaisean a bhith an lùib seo agus cò air a bhiodh na cosgaisean a' tuiteam. Ged nach deach deit a chuir mu choinneamh seo, bhiodh p-dealain feumail ro choinneamh a' Bhùird. Dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air buidseatan 2015/16. **(Gnìomh: DC)**

[Nota – bhon choinneamh, chaidh 70% atharrachadh gu 66%]

Dh'fhàg Jim Boyle agus Jamie MacIntyre a' choinneamh.

Seirbheisean neo-sgrùdaidh

Thuir an Stiùiriche Ionmhais gu robh Deloitte a' tairgse seirbheis taic IFRS aig ìre £4k. Bha iad a' toirt seachad an t-seirbheis seo do bhuidhnean eile agus chan eil iad den bheachd gu bheil strì eadar com-pàirtean ann. Chaidh deasbad a dhèanamh. Chaidh innse gur e atharraichean dealbhachaidh, seach susbainteach, ris an robhas an dùil, nach robh cunnart fèin-mheasaidh an luchd-sgrùdaidh na chois agus air a chaochladh gun robh e ciallach gur e an luchd-sgrùdaidh a bhiodh a' comhairleachadh air a' ghluasad gu IFRS ri linn an tuigse a bha aca air na Cunntasan Reachdail. Chaidh aontachadh gun cuireadh an Stiùiriche Ionmhais nòta gu Cathraiche na Comataidh a' mìneachadh seo agus a' mìneachadh ciamar a bhiodh a chosgais taobh a-steach Poileasaidh Solair na buidhne. **(Gnìomh: NMG)**